



Poileasaidh Gàidhlig

Mìneachadh a' phoileasaidh

Tha am poileasaidh seo a' foillseachadh an sealladh a tha aig Urras Fiadh-bheatha na h-Alba air cleachdadh Gàidhlig na h-Alba.

Sreath-cinn a' Phoileasaidh

Tha Urras Fiadh-bheatha na h-Alba (SWT) ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, mar phàirt de dhualchas culturail na dùthcha, agus le ceanglaichean làidir ris an dualchais nàdurra. Tha SWT am beachd an aithne a tha seo a nochdadh tro chleachdaidh na Gàidhlig ann am modhan conaltraidh iomchaidh.

Cùl-fiosrachaidh

Is e a' Ghàidhlig aon de chànanan dùthchasach na h-Alba agus tha i aig cuidhe mòran de chultair na h-Alba. Gu h-eachdraidheil bha i air a cleachdadh fad is farsaing thairis air a' mhòr-chuid de dh' Alba. A-nis tha timcheall air 60,000 neach-labhairt Gàidhlig ann an Alba; is e poileasaidh an Riaghaltais a bhith a' sìor bhrosnachadh agus a' cur taic ri ionnsachaidh na Gàidhlig. Is ann anns na sgìrean dualchasach air Taobh Tuath agus Taobh an Iar na h-Alba a tha mu leth de àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach, agus an còrr 's na bailtean mòra, gu h-àraidh Glaschu far a bheil còrr air 10,000 neach-labhairt¹. Stèidhich Achd na Gàidhlig (Alba) Bòrd na Gàidhlig mar bhuidheann reachdail aig a bheil an t-amas "inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil air a bheil an aon mheas sa tha air a' Bheurla ann an Alba."

Aithris Poileasaidh

1. Tha SWT airson taic a thoirt do phoileasaidh an Riaghaltais a' Ghàidhlig a bhrosnachadh mar phàirt chudromach de dhualchas na h-Alba le bhith ga cleachdadh ann an raointean iomchaidh de ghnìomhachd SWT. Nì seo cinnteach gun gabh SWT ri sealladh in-ghabhalach agus leantainneach a thaobh conaltraidh, agus mar bhuidheann nàiseanta, gun cur iad ri obair-brosnachaidh na cànan. Àrdaichidh cleachdaidh na Gàidhlig conaltradh a-measg choimhearsnachdan agus dhaoine fa-leth a thuigeas agus a chleachdas an cànan.

Cuiridh SWT air adhart:

2. Measadh air iomchaidheachd na Gàidhlig do dh' ionadan tasgaidh fiadh-bheatha SWT agus na coimhearsnachdan a tha timcheall orra mar phàirt de phlanaichean leasachaidh ionadan-tasgaidh fa-leth. Bheil seo a-steach soidhnichean agus bileagan eadar-mhìneachaidh ann an Gàidhlig agus ann am Beurla, agus thèid beachdachadh air an seo sa chumantas ann an sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn. Thèid ainmean-àite sa Ghàidhlig a chleachdadh gus ceanglaichean eachdraidheil eadar dualchas culturail agus nàdurra na sgìre a bhrosnachadh.
3. Gum bi stuthan foghlaim ri fhaighinn anns a' Ghàidhlig, ma bhios na goireasan deatamach rim faighinn.
4. Conaltradh le buidhnean Gàidhlig iomchaidh a thaobh cleachdaidh na cànan agus a thaobh a bhith a' cur am poileasaidh seo an gnìomh gu soirbheachail. Gabhaidh sinn ris a' Chùmhnant mu Litreachadh

¹ <http://www.gaelic-scotland.co.uk/Current-status.html>

Gàidhlig² agus gheibh sinn comhairle bho dhaoine iomchaidh leithid buill Gàidhlig den Chomhairle agus luchd-obrach agus buidhnean poblach³.

5. An dicheall a dhèanamh gus am bi leantainneachd anns an dòigh sa chleachdas iad a' Ghàidhlig.
6. A bhith a' misneachadh buill Gàidhlig a' Bhùird, luchd-obrach agus Buill gu bhith a' brosnachadh ar cuid obrach tro agallamhan leis na meadhanan Gàidhlig. Thèid brathan-naidheachd dà-chànanach fhoillseachadh far am bi sin comasach far a bheil naidheachdan sònraichte iomchaidh do choimhearsnachd na Gàidhlig agus airson tachartasan brosnachaidh sònraichte leithid am Mòd Nàiseanta Rìoghail gach bliadhna.
7. An dicheall a dhèanamh a bhith a' freagairt litrichean Gàidhlig anns a' Ghàidhlig.
8. Dèanamh cinnteach gun tèid ullachadh a thoirt do luchd-obrach anns na sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn no ann an àiteachan far a bheil ainmean-àite sa Ghàidhlig, a thaobh fuaimneachadh Gàidhlig.
9. A bhith a' brosnachadh luchd-obrach aig a bheil ùidh a' Ghàidhlig ionnsachadh. Ann an suidheachaidhean far an cur sin ri obair-gnìomh SWT thèid gabhail ri làthaireachd air cùrsa Gàidhlig ùghdarraichte mar chothrom-trèanadh agus leasachaidh.
10. A bhith an òeann ùine a' cur ainm agus comharradh SWT anns a' Ghàidhlig air òeann-litrichean oifigeil, làraichean-lìn agus goireasan meadhain eile far a bheil sin comasach. Bheirear seo gu crìch mar amas san fhad-ùine agus feumar feitheamh ri lèirmheas sam bith air comharradh SWT.
11. Sealltainn air cothroman maoinachaidh ann an co-bhonn ri buidhnean brosnachaidh na Gàidhlig an dùil ri bhith faighinn goireasan gus taic a thoirt do ghnìomhachd a' phoileasaidh seo.
12. A bhith a' foillseachadh am poileasaidh seo anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla.

Policy to be reviewed 2008

Policy approved by Council Jan 2006

² <http://www.smo.uhi.ac.uk/gaidhlig>

³ Bodies include Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig, the Scottish Qualifications Authority (Gaelic Committee), and the An Comunn Gàidhealach